

A photograph of two women in a dark room. The woman on the left is a silhouette, holding a thin vertical line. The woman on the right is seen from the back, wearing a light-colored top and green pants. The background is a large wall or screen covered in a dense pattern of small, bright blue and white dots, resembling a starry sky or a digital art installation.

# Glaschu Beò

Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig 2018-2022

# Glasgow Life

Gaelic Arts Strategy 2018-2022

# Clàr-innse

# Contents

|                          |         |                   |         |
|--------------------------|---------|-------------------|---------|
| AIR ADHART               | 3       | FORWARD           | 3       |
| ÀRD-AMAS                 | 3       | AMBITION          | 3       |
| SUSBAINT RO-INNLEACHDAIL | 4 – 12  | STRATEGIC CONTEXT | 4 – 12  |
| AMASAN RO-INNLEACHDAIL   | 12 – 23 | STRATEGIC AIMS    | 12 – 23 |

Ìomhaigh bho Togail Nàisean, air a sgrìobhadh 's air a ghnìomhadh le Màrtainn O'Connor

Image from Building a Nation, written and performed by Martin O'Connor



# Air Adhart

Tha Glaschu co-cheangailte ris a' Ghàidhlig 's a cultar ann an dòigh nach gabh fhuasgladh. Tha am baile air an t-slighe a stiùireadh gu tric, gu h-àraidh am measg ùghdarrasan ionadail taobh a-muigh àiteachan a tha gu h-àbhaisteach aig cridhe a' chànan, ann an oidhirpean air frèam-obrach làidir a sholarachadh airson Gàidhlig a bhith soirbheachail. Bha Glaschu am measg nan ciad ùghdarrasan bailteil a leasaich Plana Gàidhlig ann an 2009 agus air moladh mòr fhaighinn airson soirbheachadh nan sgoiltean Gàidhlig.

Tha an Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig a leanas air a cruthachadh le Glaschu Beò às leth a' bhaile, agus thèid a lìbhrigeadh leothasan ann an com-pàirteachas le dusanan de bhuidhnean nàiseanta agus ionadail, luchd-ealain agus buidhnean ealain. Tha an ro-innleachd air a deilbh gus na cothroman cruthachail airson Gàidhlig sa bhaile a neartachadh, agus obair den chàileachd ealanta as àirde a chruthachadh a bhios tarraingeach do luchd-amas a tha a' sìor fhàs agus eadar-mheasgte. Tha na h-amasan ro-innleachdail gu h-ìosal glòir-mhiannach agus misneachail agus feumaidh iad a bhith gus àrd-mhiannan leantainneach Ghlaschu airson na Gàidhlig a nochdadh gu soilleir. Tha an cànan, an cultar agus na h-ealain a' saidhbhreachadh beatha a' bhaile agus beatha nan àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha a' fuireach 's ag obair ann agus a' tadhal air baile Ghlaschu.

An Comhairliche Daibhidh Dòmhnallach'

# Àrd-Amas

Is e àrd-amas Ro-innleachd Ealain Ghlaschu Beò na h-Ealain Ghàidhlig a neartachadh ann an Glaschu agus àiteachan eile, agus leis an sin a' meudachadh buaidh agus lèirsinneachd nan ealan ann an co-theacsna Ghàidhlig.

Tha Glaschu Beò ag amas air misneachd chultarach Ghàidhlig a' bhaile a mheudachadh le bhith a' tabhann a' chothrom as motha a ghabhas do shaoranaich Ghlaschu, do bhuidhnean Gàidhlig agus do dhaoine òga airson lìbhrigeadh cultarach Gàidhlig sna bliadhnaichean a tha romhainn. A dh'aindeoin inbhe chugallach na Gàidhlig uaireannan, leanaidh Glaschu Beò air adhart ann an dòigh a tha dàna, a' lorg ghuthan ùra, a' leasachadh mhodailean obrachaidh ùra agus a' toradh obrach den chàileachd as àirde.

Image from Building a Nation, written and performed by Martin O'Connor

# Forward

'Glasgow is inextricably linked to the Gaelic language and culture. The city has often led the way, particularly among local authorities outside the typical heartlands of the language, in efforts to provide a robust framework for Gaelic to thrive. Glasgow was among the first urban authorities to develop a Gaelic Language Plan in 2009 and has won great praise for the success of its Gaelic schools.

The following Gaelic Arts Strategy has been created by Glasgow Life for the city and will be delivered by them in partnership with dozens of national and local organisations, artists and arts groups. It is designed to enhance the creative opportunities for Gaelic in the city and to create work of the highest artistic quality that appeals to a growing and diverse audience. The strategic aims detailed below are confidently ambitious and they need to be in order to properly reflect Glasgow's continuing aspirations for Gaelic. The language, culture and the arts enrich the life of the city and the many Gaelic speakers who live, work and come to visit Glasgow.'

Councillor David MacDonald'

# Ambition

The ambition of Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy [2018-22] is to strengthen Gaelic Arts in Glasgow and beyond, thereby increasing the impact and visibility of the arts in a Gaelic context.

Glasgow Life aims to increase the city's Gaelic cultural confidence by offering Glasgow citizens, Gaelic organisations and young people the greatest possible opportunity for Gaelic cultural expression in the years ahead. Despite the sometimes precarious status of the Gaelic language, through this Gaelic Arts Strategy, Glasgow Life will continue to take risks, discover new voices, develop new models of working and produce work of the highest artistic quality.

# Co-Theacs Ro-Innleachdail

Mar phàirt de Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu [2012-17], tha Glaschu Beò a' taisbeanadh Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig [2018-22] airson Glaschu.

Thèid a liubhairt le Glaschu Beò ann an com-pàirteachas le measgachadh de bhuidhnean agus com-pàirtichean ro-innleachdail: Sabhal Mòr Ostaig, a' Cholaiste Ghàidhlig, Conservatoire Rìoghail na h-Alba agus Theatar Nàiseanta na h-Alba. Tha an ro-innleachd a' faotainn taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail, bhon a' fhuairteachd comhairle ann an leasachadh na ro-innleachd seo.

*"Tha àite cudromach aig ealain ann am meudachadh lèirsinneachd na Gàidhlig, neartachadh a tarraingeachd agus cumail suas dilseachd don chànan."*

Bòrd na Gàidhlig

Is e Bòrd na Gàidhlig am prìomh bhuidheann airson Gàidhlig ann an Alba agus 's e a dhleastanas a' Ghàidhlig adhartachadh agus a leasachadh, àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh agus an raon de chothroman do dhaoine airson an cànan a chleachdadh, a mheudachadh. Mar bhuidheann poblach neo-roinneil, chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus shuidhich e susbaint ro-innleachdail do Phrògram agus Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò. Roimhe seo, bha Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig Ghlaschu 2011-2014 [air a leudachadh gu 2016] maoinichte tro Mhaoin Buidheachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) air a riaghladh le Bòrd na Gàidhlig. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' foillseachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2022 leis na h-Ealain mar aon de na prìomh stiùirichean airson an cànan agus an cultar a chumail suas san àm ri teachd.

## Co-theacs Nàiseanta do na h-Ealain Ghàidhlig

Is e Alba Chruthachail am buidheann poblach nàiseanta a tha a' cur taic ri ealain, sgrìon agus gnìomhachasan cruthachail air feadh Alba. Is e Alba Chruthachail cuideachd buidheann maoineachaidh is leasachaidh nan Ealan Ghàidhlig (luchd-ealain agus buidhnean fa leth). Tha e a' maoineachadh àireamh de chompanaidhean Ealain Ghàidhlig mar Bhuidhnean Maoinichte Cunbhalach (RFOan), agus a' cur taic ris an roinn tro Mhaoineachadh Phròiseactan Fosgailte agus tro mhaoin tiomnaichte gu Fèisean nan Gaidheal, a' solarachadh meanbh-thabhartasan do luchd-ealain. Tha e ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig, gu tric a' cothlamadh mhaoinen mar thaic do phrìomh phròiseactan is leasachaidhean.

## Co-theacs Ghlaschu don Ghàidhlig

Tha dealas adhartach Ghlaschu Beò a thaobh nan Ealan

Ghàidhlig air a mhìneachadh tro Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu agus an dàimh obrachail eadar Glaschu Beò agus Comhairle Baile Ghlaschu. Tha an treas Plana Gàidhlig ga leasachadh gu làithreach airson 2018-22 a tha a' co-thaobhadh le Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig. Anns a' phlana seo, is e an t-amas do na h-Ealain Ghàidhlig, ùr-ghnàthachadh, conaltradh agus glòir-mhiann adhartachadh agus a leasachadh anns na h-ealain an taobh a-staigh àrainneachd bhailteil agus àrainneachd sa bheil ionnsachadh chruthachail.

Ann an 2004, rinn Comhairle Baile Ghlaschu inbheisteachd ann an leasachadh Ealain Ghàidhlig ann an co-theacs baile-mòr ann an Alba. On uair sin tro Ghlaschu Beò, tha e air prògram bailteil Ealain Ghàidhlig a leasachadh a tha gun choimeas ann an Alba. Le 10% de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba, agus 11,845 stèidhichte ann am mòr-sgìre Ghlaschu, is e co-chuid cudromach den coimhearsnachd Ghàidhlig làithreach a tha seo.

Cho-dhùin Aithisg Myerscough 2011 gur e Glaschu am baile-mòr as cudromaiche airson cultar san Rìoghachd Aonaichte taobh a-muigh Lunnainn. Tha am baile-mòr cultarach co-aimsireil seo fosgailte do lìonmhorachd de chothroman airson na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus ùidh anns na h-Ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd a leudachadh, tro phrògraman eadar-theachd spreagail de ealain, tachartasan, fèisean, lìonraidhean agus iomairtean.

Cho-dhùin sgrùdadh neo-eisimeileach le Deborah Keogh Seirbheis Comhairleachaidh is Comasachaidh (2016) air prògram Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò, gu bheil àite Ghlaschu Beò cudromach ann an leasachadh agus lìbhrigeadh tarsainn roinn nan Ealan Ghàidhlig, còmhla ri dleastanas ceannardais agus tagraidheachd. Tha suidheachadh gun choimeas aig prògram Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò taobh a-staigh co-theacs ùghdarrais ionadail agus a thaobh Buidhnean Nàiseanta airson Gàidhlig.

Tha Glaschu a' leantainn air adhart a' stiùireadh na dùthcha ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig [FMG]. Sa Ghiblean 2016, chaidh an dàrna sgoil tro Mheadhan na Gàidhlig fhosgladh agus tha an àireamh de chloinn ann an FMG sa bhaile a-nis còrr air 1000. Tha na h-àireamhan sin a' dol a dh'èirigh le planaichean a bharrachd san amharc airson coimhead ris an tritheamh sgoil. Tha na leasachaidhean ùra sin de chudromachd nàiseanta ann an coileanadh nan àireamhan a tha stèidhichte le Bòrd na Gàidhlig. Tha àite cudromach aig Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ann an leasachadh choimhearsnachdan agus chothroman airson lìbhrigeadh cultarach agus com-pàirteachadh do sgoilearan, pàrantan agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd [Coimhead Amas Ro-innleachdail 4]



# Strategic Context

Glasgow Life presents a Gaelic Arts Strategy [2018-22] for Glasgow as part of Glasgow City Council's Gaelic Language Plan [2018-22]

It will be delivered by Glasgow Life in partnership with a variety of agencies and strategic partners. Sabhal Mòr Ostaig, the Royal Conservatoire of Scotland and The National Theatre of Scotland. The strategy is supported by Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland, who were consulted in the development of the strategy.

*"Arts have an important role in increasing the visibility of Gaelic, strengthening its appeal and maintaining loyalty to the language"*

Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is the principal body for Gaelic in Scotland and its remit is to promote and develop the Gaelic language, increase the numbers of Gaelic speakers and expand the range of opportunities for people to use the language. As a non-departmental public body, it was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and sets the strategic context for the Glasgow Life Gaelic Arts Strategy. Glasgow's preceding Gaelic Arts Strategy 2011-14 [extended to 2016] was funded through the Gaelic Language Act Implementation Fund (GLIAF) administered through Bòrd na Gàidhlig. Bòrd na Gàidhlig will publish the National Gaelic Language Plan 2018-2022 with the Arts as one of the key drivers to sustain the language and culture in the future.

## National Context for Gaelic Arts

Creative Scotland is the national public body that supports the arts, screen and creative industries across Scotland. Creative Scotland is also the funding and development body for Gaelic Arts (individual artists and organisations).. It funds a number of Gaelic Arts companies as Regularly Funded Organisations (RFOs), and supports the sector through Open Project Funding and through a development fund to Fèisean nan Gaidheal providing micro grants to artists. It works in close partnership with Bòrd na Gàidhlig, often combining funds to support key projects and developments.

## Glasgow Context for Gaelic

Glasgow Life's progressive commitment to Gaelic Arts is articulated through Glasgow City Council's Gaelic Language Plan and the operating relationship between Glasgow Life and Glasgow City Council. A third Gaelic language plan is currently being developed for 2018-22 which aligns with the Gaelic Arts Strategy. Within this plan the aim for Gaelic Arts will be to promote and develop Gaelic innovation, engagement and ambition in the arts within an urban and creative learning environment.

In 2004, Glasgow City Council, made an investment into the development of Gaelic Arts in Glasgow. Since then, through Glasgow Life, it has developed an urban based Gaelic Arts programme unique in Scotland. With 10% of Scotland's Gaelic Language speakers, 11,845 based in the Greater Glasgow, this is a significant proportion of the current Gaelic speaking community.

The 2011 Myerscough Report concluded that Glasgow is the most significant city for cultural production in the UK, outside of London. Glasgow as a contemporary cultural city lends itself to a myriad of opportunities for increasing the numbers of Gaelic speakers and broadening interest in Gaelic Arts generally, through dynamic intervention programmes of arts, events, festivals, networks and initiatives.

An independent study by Deborah Keogh Consulting & Facilitation Service (2016), on Glasgow Life's Gaelic Arts programme concluded that Glasgow Life's role in developing and delivering across the Gaelic Arts sector, together with its leadership and advocacy role, is significant. Glasgow's Life's Gaelic Arts programme has a unique position within a local authority context and in relation to National Agencies for Gaelic.

Glasgow continues to lead the country in Gaelic Medium Education [GME]. In April 2016 the second Gaelic Medium School opened and the numbers of children in GME in the city is now more than 1000. These numbers are set to rise with further plans for a third school now being looked at. These recent developments are of national significance in achieving target numbers set by Bòrd na Gàidhlig. The Gaelic Arts Strategy has a significant role to play in developing communities and opportunities for cultural expression and participation for pupils, parents and the wider community.





Às an Dorchadas le Catriona Lexy Cambell

Às an Dorchadas by Catriona Lexy Cambell

## Buidhnean Com-pàirteachaidh Ghlaschu Beò

Tha obrachadh ann an com-pàirteachas aig teis-meadhain an dà chuid leasachadh agus librigedh air an ro-innleachd seo. Is iad ar prìomh chom-pàirtichean:

- An Lòchran: buidheann neo-phrothaideach a tha an làthair airson ealain Ghàidhlig adhartachadh an an Glaschu. Tha iad a' sireadh ìomhaigh a' chànan 's a' chultair àrdachadh ann an Glaschu tro thachartasan ciùil agus pròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd.
- Sabhal Mòr Ostaig [SMO]: Ionad Nàiseanta na Gàidhlig agus stiùirichean ann am foghlam Gàidhlig, trèanadh agus rannsachadh, a' tional tomad cudromach de bhuidhnean cultarach co-cheangailte a tha ag adhartachadh Cultar Gàidhlig, Dualchas agus na h-Ealain. Tha SMO agus Glaschu Beò air meòhrachan còrdaidh aontachadh ann an lìbhrigedh ar Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig, com-pàirteachas le amas co-roinnte de dh'adhartachadh agus leasachadh air deasbad leantinneach mun cuairt Ealain Ghàidhlig.
- Conservatoire Rìoghail na h-Alba: Is e ionad sàr-mhathais nàiseanta is eadar-nàiseanta a th' ann an Conservatoire Rìoghail na h-Alba airson foghlam ealain gnìomhaidh. Suidhichte ann an teis-meadhain Ghlaschu, is e an RCS an t-ionad ealain gnìomhaidh as trainge san dùthaich le còrr air 500 coileanadh poblach a' gabhail àite gach bliadhna. Ann an 2014, dh'fhoillsich iad ceum MA ann an Ionnsachadh is Teagasg Ealain Ghàidhlig.

- Theatar Nàiseanta na h-Alba: Chaidh Theatar Nàiseanta na h-Alba a stèidheachadh ann an 2006, mar an companaidh theatar nàiseanta ann an Alba a bhios a' dol air chuairt a' gnìomhadh ann an taighean-cluiche, tallaichean baile, sgoiltean agus làraich a tha sònraichte don chuspair, an dà chuid aig an taigh agus gu h-eadar-nàiseanta agus a' riochdachadh gach iomadh guth a tha san dùthaich. Tha iad dealasach a thaobh in-ghabhail agus riochdachadh air obair le luchd-ealain Ghàidhlig.
- Comhairle nan Leabhraichean: Is e seo am prìomh bhuidheann le uallach airson a bhith a' cur taic ri ùghdaran agus foillsichearan Gàidhlig agus ag àrdachadh ìomhaigh is ruigsinneachd leabhraichean Gàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Ceòl's Craic: Is e Ceòl 's Craic am mòr-ionad sòisealta airson cultar Gàidhlig co-aimsireil ann an Glaschu, a' tabhann prògram fad na bliadhna do luchd-èisteachd le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig gus deasbad a bhrosnachadh air dè th' ann an cultar na Gàidhlig agus cò dha a tha e. Thòisich e a bheatha mar phròiseact air a ruith le Glaschu Beò, ag atharrachadh gu bhith na bhuidheann neo-eisimeileach ann an 2011.

*Thar beatha na ro-innleachd seo, bidh sinn ag obair còmhla ri àireamh de bhuidhnean eadar-mheasgte agus buidhnean coimhearsnachd gus liubhairt mu choinneamh ar n-amasan ro-innleachdail.*



Gnìomhadh Gàidhlig san  
Tramway, Uainead/Degrees of  
Greenness le Kate Robinson

Gaelic Performance at Tramway,  
Uainead/ Degrees of Greenness  
directed by Kate Robinson

## Glasgow Life's Partner Organisations

Partnership working is pivotal to both the development and delivery of this strategy. Our key partners are:

- An Lòchran: a non-profit organisation that exists to promote Gaelic arts in Glasgow. They seek to raise the profile of the language and culture in Glasgow through music events and community-led projects.
- Sabhal Mòr Ostaig [SMO]: the National Centre for Gaelic are leaders in Gaelic education, training and research, gathering a critical mass of associated cultural organisations that promote Gaelic Culture, Heritage and the Arts. SMO and Glasgow Life have agreed a memorandum of understanding in delivery of our Gaelic Arts Strategy, a partnership with a shared aim of promoting and developing a progressive debate around Gaelic Arts.
- The Royal Conservatoire of Scotland is a national and international centre of excellence for performing arts education. Located in the heart of Glasgow city centre, RCS is also the nation's busiest performing arts centre with more than 500 public performances taking place each year. In 2014 they launched an MA Learning & Teaching Gaelic Arts.
- The National Theatre of Scotland, established in 2006, is the national theatre company of Scotland which tours work to theatres, village halls, schools and site-specific locations, both at home and internationally and represents the country's many voices. They are committed to the inclusion and presentation of work by Gaelic artists.
- The Gaelic Books Council is the lead literary organization with responsibility for supporting Scottish Gaelic authors and publishers, and for raising the profile and reach of Scottish Gaelic books in Scotland and internationally.
- Ceòl's Craic is the social hub for contemporary Gaelic culture in Glasgow and offers a year round programme for a fluent and non-Gaelic audience, to inspire debate on what Gaelic culture is and who it is for. It started life as a Glasgow Life-run project and became an independent organisation in 2011.

*Over the course of this strategy Glasgow Life will aim to work and collaborate with a diverse group of organisations and community groups to deliver against our strategic aims.*

## Soirbheasan ro-innleachd nan ealan ghàidhlig

Chuir Glaschu Beò dàrna Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig air bhog air 1ad Giblean 2011 mar phàirt de Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu, a' mìneachadh prògram glòir-mhiannach airson togail air soirbheachadh na ciad ro-innleachd. Chaidh tomad mòr de dh'obair a thoirt gu buil fon ro-innleachd seo, a' foillseachadh tàlant ùr, stèidheachadh chom-pàirteachasan ùra agus tòiseachadh nithean ùra sna h-Ealain Ghàidhlig. A' leantainn air sgrùdadh neo-eisimeileach le Deborah Keogh, Seirbheis Comhairleachaidh is Comasachaidh, is iad lomaireatean Leasachaidh Tàlant na pròiseactan as motha buaidh a chaidh a chomharrachadh agus tha a' bhunait Com-pàirteachais làidir is dealasach air a thaisbeanadh tron chruthachadh air measgachadh sònraichte de dh'Ealain Ghàidhlig, a' tabhann tarraing a-steach air luchd-èisteachd ùr.

Am measg prìomh soirbheasan, tha:

- **Às an Dorchadas**, am pìos dràma stèidhichte a dh'aon ghnòthaich ann an taigh ann am Pollokshields a choisinn sàr-chliù breithneachail [sgrìobhte le Catriona Lexy Chaimbeul], air a leasachadh bhon chiad obair leantainneach, gu làn riochdachaidh le Glaschu Beò;
- **Macbheatha**, bho thùs na choimisean de dh'obair leantainneach bho Ghlaschu Beò, a chaidh a chluich ann an taigh loma-làn an Citizens agus a-rithist air a chluich mar phàirt den dual Dèante ann an Alba aig Froidhneas Fèis Dhùn Èideann [Air a chluich le Daibhidh Walker, air a stiùireadh le Liz Carruthers, air eadar-theangachadh le Iain Dòmhnallach];
- Prògram Gnìomhaidh Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò 2016 x 6. *Buaires nan Uisge, Uainead, Mus Robh Faclan Ann, Aisling Meadhain Samhraidh, Raon Pìobaire, Togail Nàisean*. Air an leasachadh ann an com-pàirteachas le Theatar Nàiseanta na h-Alba, Comhairle nan Leabhraichean agus Conservatoire Rìoghail na h-Alba;

- Cafaidh Gàidhlig air a stèidheachadh aig **Fèis Bhaile nam Marsantach**.
- **Thaisbean Prògram cultarach Geamannan a' Cho-fhlaitheis Ghlaschu 2014, Fèis 2014**, Gàidhlig airson a' chiad uair ann an co-theacsa co-fhlaitheis, le tachartasan Gàidhlig a' tachairt air feadh a' bhaile thar 12 làithean, le cuibheas de thrì tachartasan Gàidhlig gach latha.
- Chaidh **Cèilidh Còmhla**, pròiseact conaltraidh coimhearsnachd, a leasachadh tarsainn choimhearsnachdan sa bhaile ann an ullachadh don Fhèis 2014.
- Bha **Fèis 2014** fìor chudromach ann an àrd-ùrlaran a sholarachadh airson seòrsaichean ùra de dh'obair Gàidhlig de sgèile, leithid Struileag le Jim Sutharlanach, Ceòl Mòr Lahore agus Boomerang. Thug luchd-ealain ris an deach co-chomhairleachadh mar phàirt den ath-sgrùdadh, iomradh air an àm seo mar a bhith deatamach ann am fosgladh chomasan cudromach don Ghàidhlig.
- Chaidh **Grounded** le Judy Parrott, taisbeanadh ealain lèirsinneach bhon Phrògram Ealain Ghàidhlig aig Fèis 2014, air adhart gu bhith air a thaisbeanadh ann an 12 gailearaidhean an Astràilia.

Gnìomhadh Gàidhlig ann an Taigh-cluiche an Citizens, Aisling Oidhche Meadhan-samhraidh [le Daibhidh Walker]

Gaelic Performance at Citizens Theatre, Midsummer Night's Dream [with David Walker]



## Gaelic Arts Strategy Successes

Glasgow Life launched a second Gaelic Arts Strategy on 1st April 2011, as part of Glasgow City Council's Gaelic Language Plan, setting out an ambitious programme to build on the success of the first. A huge body of work was produced under this strategy, launching new talent, forging new partnerships and breaking new ground in Gaelic Arts. Following an independent study by Deborah Keogh, Consulting & Facilitation Service the projects identified as having the greatest impact have been the Talent Development Initiatives and the strong, committed Partnership base, demonstrated through the creation of an eclectic mix of Gaelic Arts offers developing new audiences.

Headline successes include:

- *As an Dorchadas*, the site specific theatre piece set in a house in Pollokshields which received critical acclaim [Written by Catriona Lexy Cambell], developed to a full production by Glasgow Life from the original work-in-progress;
- *Macbheatha*, originally a Glasgow Life work-in-progress commission, which went on to play to packed houses at the Citizens Theatre and played as part of the Made in Scotland strand at Edinburgh Festival Fringe [Performed by David Walker, Directed by Liz Caruthers, Translated by Ian MacDonald];
- Glasgow Life's Gaelic Arts Performance Programme 2016 x 6. *Buairesan nan Uisge, Uinead, Mus Robh Faclan Ann, Aisling Meadhain Samhraidh, Raon Pìobaire, Togail Nàiseanta*. Developed in partnership with The National Theatre of Scotland, Gaelic Books Council and The Royal Conservatoire of Scotland;
- The establishment of a Gaelic Café at the *Merchant City Festival*;
- *The cultural programme for Glasgow 2014 Commonwealth Games, Festival 2014*, presented Gaelic for the first time in a commonwealth context, with Gaelic events taking place across all live areas in the city over 12 days, with an average of three Gaelic events taking place each day;
- *Ceilidh Còmhla*, a community engagement project, developed across communities in the city in the build up to Festival 2014;
- *Festival 2014* was pivotal in providing platforms for new types of Gaelic work of scale, such as *Struileag* by Jim Sutherland, *Ceòl Mòr Lahore* and *Boomerang*. Artists consulted as part of this review referred to this time as critical in opening up significant possibilities for Gaelic;
- A visual arts exhibition from the Gaelic Arts Programme at Festival 2014, *Grounded* by Judy Parrott, went on to be exhibited in 12 galleries in Australia.





Take two steps.

Gníomhadh Gàidhlig san Tramway, Buaires anns an Uisge/ Trouble the Water le Elspeth Turner

Gaelic Performance at Tramway, Buaires anns an Uisge/ Trouble the Water by Elspeth Turner





## Amasan Ro-Innleachdail - Togail air Soirbheas do na h-Ealain Ghàidhlig

A' leantainn air na molaidhean do dh'Aithisg Keogh [2016]; tuilleadh co-chomhairleachaidh air Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig tro shreath de Freastal-lannan Ealain Ghàidhlig; agus greis-gnìomhachais co-obrachail 12 seachdainean ann an Sabhal Mòr Ostaig aig a' Cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgìtheanach; tha Glaschu Beò gu misneachail a' riochdachadh ar prìomh 5 Amasan Ro-innleachdail airson ar Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig [2018-22].

Tha prìomh phrìoiseact no prògram co-cheangailte ri gach aon de na h-Amasan Ro-innleachdail a bhios ag obrachadh air bunait trì bliadhna, agus na mhodal ioma-chompàirtiche. Bidh Prògram Cultarach Farpaisean na h-Eòrpa ann an 2018, am Mòd Nàiseanta Rìoghail a tha a' tighinn a Ghlaschu ann an 2019 agus prògram ìleib a' leantainn suas gu 2022, nan àrd-ùrlaran do na prìoiseactan sin.



Ìomhaigh air a toirt bho Àirc, an Cafaidh Gàidhlig, aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2014, 'Grounded' le Judy Parrott

Image taken from Àirc, Gaelic Café during the Commonwealth Games 2014, Grounded by Judy Parrott

## Strategic Aims – Building on Success for Gaelic Arts

Following the recommendations by the Keogh Report [2016], consultation on the Gaelic Arts Strategy through a series of Gaelic Arts Surgeries, and a 12 week collaborative placement at Sabhal Mòr Ostaig, at the Gaelic College in Skye, Glasgow Life confidently presents our 5 key Strategic Aims for our Gaelic Arts Strategy [2018-22].

Each Strategic Aim has an associated key project or programme which will operate on a three year cycle and a multi-partner model. Significant new platforms for these projects will be the Cultural Programme of the European Championship in 2018, The Royal National Mod which comes to Glasgow in 2019 and a legacy programme leading up to 2022.

## Amas Ro-innleachdail 1:

Toirt a-steach agus a' leasachadh modail ùr co-obrachaidh do na h-Ealain Ghàidhlig.

Thèid seo a choileanadh tro chur an aithne air **Guir\*** – prògram guire le Buidhnean is Luchd-ealain Ghàidhlig bho air feadh Alba. \*(‘Guir’ eadar-theangachadh Gàidhlig don fhacal ‘incubate’)

### Prionnsapalan Stiùiridh

- Fòcas air guthan agus sgeulachdan Gàidhlig;
- Dòigh ùr obrachaidh: farsaingeachd, àite, co-theacsa airson deuchainn, sùbailte ann an cruth agus riochdachadh [me. sealach, neo-fhiosaigeach, air-loidhne, còmhnaidheachd];
- Còmhach raon de chruthan ealain agus co-obrachaidhean tarsainn chruthan ealain;
- Leasachadh stoidhle a ghabhas aithneachadh do phròiseactan GUIR gu lèir gus dilseachd luchd-èisteachd a thogail;
- Comharrachadh raointean ùra no fo-leasaichte airson rannsachadh anns na h-Ealain Ghàidhlig;
- Rannsachadh obair Ghàidhlig a tha ruigsinneach do luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine gun Ghàidhlig.

### Prògraman

Is e cothrom a th’ ann an Guir gu obair ùr agus dùbhlanaich a chruthachadh tarsainn bhuidhnean agus prògraman ealantach a tha sùbailte agus fosgailte do luchd-ùidh uile gus an cuid cleachdaidh a cho-roinn. Bidh e stèidhichte air a’ mhodail deilbhidh de dh’ùine còmhnaidheachd ach bidh e sùbailte ann an cruth. Thèid beachdachadh air gach pròiseact taobh a-staigh co-theacsa gleidhidh agus a choimhead taobh a-staigh cuairt de thìr bliadhna. Mar a tha le ar pròiseactan uile san ro-innleachd, bidh ar n-àrd-ùrlaran agus ar cothroman conaltraidh tarsainn prògram cultarach Farpaisean Eòrpach Ghlaschu 2018, prìomh fhèisean, prògram conaltraidh coimhearsnachd, 0-25 bliadhna Mòd 2019 agus a dhìleab, agus Glaschu mar bhaile-mòr beòthail aig ìre chruinneil.

### Com-pàirteachasan Roinnleachdail

Sabhal Mòr Ostaig  
Theatar Nàiseanta na h-Alba  
Conservatoire Rìoghail na h-Alba

## Amas Ro-innleachdail 2:

Cothroman a mheudachadh do na h-uile tro na h-Ealain Ghàidhlig airson eadar-obrachadh le Gàidhlig, le bhith a’ meudachadh faicsinneachd agus a’ doimhneachadh mothachadh do na ceanglaichean cultarach, cànanach agus eachdraidheil a tha aig Gàidhlig leis a’ bhaile. Thèid seo a choileanadh tro **Glaschu Gàidhlig**, prògram de mhapa eadar-obrachail, conaltradh agus ealain phoblach mar bhrosnachadh.

### Prionnsapalan Stiùiridh

- Mapa eadar-obrachail agus prògram conaltraidh ealain poblach
- ‘Tar-chòmhach’ cultarach air a’ bhaile
- Cothrom airson raon de bhuilean ionnsachaidh
- Cuimseachadh air far a bheil Gàidhlig cho-aimsireil ann an Glaschu, a’ dùbhlanaich bheachdan measail mu Ghàidhlig ann an Glaschu

### Prògraman

1. Inneal eadar-obrachail air-loidhne a bhios air a lìonadh le rannsachadh làithreach agus pròiseact ioma-chompàirtiche coitcheann is goireas do luchd-còmhnaidh ‘s luchd-tadhail Ghlaschu, ri fhaotainn an dà chuid air àrd-ùrlaran innealan pearsanta agus tro àrd-ùrlaran fhèisean, leabharlann, poblach agus taigh-tasgaidh.
2. Prògram de rannsachadh agus conaltradh le luchd-èisteachd, a’ toradh ann an sreath de phròiseactan buntainneach ealantach, cultarach agus eadar-mhìneachaidh, air an cur air bhonn air feadh a’ bhaile agus a’ ceangal le gnìomhachdan cultarach a tha an làthair a-cheana gus slighe Ghàidhlig a chruthachadh.

### Com-pàirteachasan Roinnleachdail

Oilthigh Ghlaschu  
Dress for the Weather, buidheann deilbh stèidhichte ann an Glaschu agus Watercolour Music a tha air rannsachadh a dhèanamh air Òrain Ghàidhlig agus Glaschu.



Glaschu Gàidhlig, Mapa eadar-obrachail air a chruthachadh do Gheamannan a’ Cho-fhlaitheis, 2014.

Gàidhlig Glaschu, interactive Map created for Commonwealth Games 2014

## Strategic Aim 1:

---

Introduce and develop a new collaborative working model for Gaelic Arts.

This will be achieved by introducing **Guir\*** – an incubator programme with Gaelic Agencies and Artists from across Scotland.

\*(Guir' is the Gaelic translation of 'incubator')

### Guiding Principles

---

- A focus on Gaelic voices and stories.
- A new way of working; a space, place, context to experiment, flexibly in form and presentation [e.g. pop-up, non-physical, online, residency] .
- Covering a range of art-forms and cross art-form collaborations.
- Identifying new or underdeveloped areas for exploration in Gaelic Arts.
- Exploring Gaelic work which is accessible to Gaelic and non-Gaelic speakers.

### Programmes

---

Guir is an opportunity to create new and challenging work across agencies and artistic programmes which is flexible and open to all stakeholders to share their practice. It will be based on the devising model of a residency period but will be flexible in form. Each project will be considered within a curatorial context and viewed within a three year cycle. As with all our projects in the strategy our platforms and engagement opportunities will be across the cultural programme of the Glasgow 2018 European Championships, major festivals, community engagement programme, 0-25 year old Mod 2019 and its legacy, and Glasgow as a vibrant and world class city.

### Strategic Partners:

---

Sabhal Mòr Ostaig  
National Theatre of Scotland  
Royal Conservatoire of Scotland

## Strategic Aim 2:

---

Through the Arts, increase opportunities for all to interact with Gaelic by increasing visibility and deepening the awareness of the cultural, linguistic and historical connections Gaelic has with the city.

This will be achieved through **Glaschu Gàidhlig**, an interactive map and engagement and public art programme as a catalyst.

### Guiding Principles

---

- An interactive map and public art engagement programme.
- A cultural 'overlay' to the city.
- an opportunity for a range of learning outcomes.
- pinpointing where contemporary Gaelic is in Glasgow and challenging popular perceptions of Gaelic in Glasgow.

### Programmes


---

1. An online interactive tool that will be populated by current research and a collective multi-partner project and resource for residents of, and visitors to, Glasgow, available on personal devices and through festival, library, public and museum platforms.
2. A programme of research and audience engagement, resulting in a series of relevant artistic, cultural and interpretation projects installed across the city and tying in with existing cultural activities to form a Gaelic trail.

### Strategic Partners:

---

The University of Glasgow  
Dress for the Weather, a Glasgow-based design practice and Watercolour Music who have conducted research into Gaelic Song and Glasgow.



Ìomhaigh bho phròiseact Ealain Poblach le Judy Parrott

Image from Public Art project by Judy Parrott



## Amas Ro-innleachdail 3:

Inbheisteachd ann an àm teachdail a' chànain le bhith a' furastachadh còmhraidh às ùr, deasbad agus deasbairteachd mu thimcheall Ealain Ghàidhlig.

Thèid seo a choileanadh le bhith a' co-òrdanachadh **Co-labhairt Chultarach** bhliadhnail leis a' phoball, a bhios a' sgrùdadh prionnsapalan Ealain Ghàidhlig agus a' roinn cleachdadh is dòigh smaoinichaidh ùr.

## Prionnsapalan Stiùiridh

- Brosnachadh ghuthan ùra ealantach anns an roinn Ghàidhlig taobh a-stoigh co-theacsa bailteil.
- Deasbad, roinneadh agus toirt iomadachd de luchd-cleachdaidh còmhla gus smuaintean agus cleachdaidhean làithreach a thaobh Ealain Ghàidhlig ann an Alba, a sgrùdadh.
- Àrd-ùrlar a chruthachadh do luchd-ealain, luchd-cleachdaidh, riochdairean cruthachail agus luchd-brosnachaidh airson beachdan ùra a thoirt am follais.
- Deasbad a bhrosnachadh mun àite a tha aig Ealain Ghàidhlig ann an ath-bheothachadh agus togail a' chànain.

Tha Glaschu Beò a' tuigsinn gu bheil dearmad ro-innleachdail air Gàidhlig agus a h-inbhe mar mhion-chànan air a bhith a' tachairt, agus gu bheil prìomh àite aig Ealain Ghàidhlig anns an dòigh a ghabhas a' Ghàidhlig a bhith air a h-ath-bheothachadh san àm ri teachd mar chànan beò buntainneach. Leanaidh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig [2018-22] air adhart a' gabhail ri beachd Dhàibhidh Crystal, prìomh ùghdarras air cànan cruinneil, nach gabh bàs cànan a stad mura bi luchd-ealain tromchuseach mun chànan.

Ceilidh Còmhla, Galgael, Am Faoilleach 2014

Ceilidh Còmhla, Galgael January 2014

## Co-theacsa Ghlaschu

Tha tomad riatanach de sgrìobhadairean, cleasaichean, luchd-ciùil agus buidhnean Gàidhlig anns a' bhaile le raon-dleasan sa Ghàidhlig, a tha a' fàgail Ghlaschu ann an àite math airson aogheachd a thoirt don tachartas seo. Tha iad sin a' gabhail a-steach Theatar Nàiseanta na h-Alba, Playwright Studios, Comhairle nan Leabhraichean, Conservatoire Rìoghail na h-Alba, An Lòchran, Theatre Gu Leòr agus MG ALBA.

A thuilleadh air an sin, tha Glaschu na dhachaigh do 41% de chleasaichean, dannsairean is craoladairean, 38% de luchd-ciùil agus 29% de luchd-ealain agus luchd-deilbh grafaigeach na h-Alba (Staitistigean Cultarach Ghlaschu, 2010).

Tha uallach air Glaschu Beò airson prògraman cultarach is cruthachail, fèisean, cuairtean coimhearsnachd, prògraman ann an ionadan-cruinneachaidh agus prògraman ionnsachaidh tarsainn raon de chruthan ealain, a ghleidheadh agus a thoirt gu buil. Am measg nam Fèisean tha Celtic Connections, Fèis Ealain Lèirsinneach Eadar-nàiseanta Ghlaschu (GI), Fèis an Tramway, Dannsa Eadar-nàiseanta Ghlaschu, Aye Write! Fèis Leabhraichean Ghlaschu, Fèis Bhaile nam Marsantach agus Mela Ghlaschu. Tha sinn a' stiùireadh, a' leasachadh agus a' liubhairt Baile Ciùil UNESCO, prògraman gnìomhaidh, ealain lèirsinneach agus conaltradh poblach an Tramway, Ealain Ghàidhlig, tursan coimhearsnachd, Prìomh Bhàrd Ghlaschu, Silver Deal agus Revitalise (ann an co-obrachadh leis an NHS), agus a' solarachadh taic don roinn ealain neo-eisimeileach ann an Glaschu tro cheannardas, tagradaireachd, tabhartasan agus leasachadh proifeiseanta.

## Com-pàirteachas

Ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig, dèiligidh sinn leis an seo le bhith ag adhartachadh deasbad mu thimcheall nam prionnsapalan, smaoinichadh deatamach agus tlachd nan Ealan Ghàidhlig a thaobh buannachd nas fharsainge do roinn nàiseanta Ealain Ghàidhlig is Cànan. Le tabhartasan bho Theatar Nàiseanta na h-Alba, Conservatoire Rìoghail na h-Alba, An Lòchran, Oilthigh Ghlaschu, Tobar an Dualchais agus càch. Stiùiridh agus co-òrdanaichidh sgioba Ghlaschu Beò a' cho-labhairt le cuideachadh bho bhuidheann stiùiridh agus companaidh riochdachaidh.



## Strategic Aim 3:

Invest in the creative future of the language by facilitating new dialogue, discussion and debate around Gaelic Arts. This will be achieved by co-ordinating a public facing annual **Cultural Symposium** examining the principles of Gaelic Arts and sharing new practice and thinking.

### Guiding Principle

- Encourage new artistic voices in the Gaelic Arts sector within an urban context.
- Debate, share and bring a diversity of practitioners together to examine current thought and practices on Gaelic Arts in Scotland.
- Create a platform for artists, practitioners, creative producers and provocateurs to present new ideas.
- Stimulate debate about the role Gaelic Arts has in the revival and acquisition of the language.

Glasgow Life recognises there has historically been a strategic neglect of Gaelic and its status as a minority language, and that Gaelic Arts has a leading role in how the future of Gaelic can be revitalised as a living, relevant language. The Gaelic Arts Strategy [2018-22] will continue to subscribe to the view of David Crystal, leading authority on world language, that a language's death cannot be halted unless artists take the language seriously.

### Glasgow Context

The city has a critical mass of Gaelic writers, actors, musicians and organisations with a Gaelic remit which makes Glasgow well situated to host this event. These include the National Theatre of Scotland, Playwright Studios, Gaelic Books Council, Royal Conservatoire of Scotland, An Lòchran, Theatre Gu Leòr and MG ALBA. Further to this, Glasgow is also home to 41% of Scotland's actors, dancers, broadcasters, 38% of its musicians and 29% of its artists and graphic designers (Glasgow Cultural Statistics Digest, 2010).

Glasgow Life is responsible for curating and producing creative and cultural programmes, festivals, community tours, venue-based programmes and learning programmes across a range of art forms. Festivals include Celtic Connections, Glasgow International Festival of Visual Arts (GI), Tramway's Unlimited Festival, Dance International Glasgow, Aye Write! Glasgow's Book Festival, the Merchant City Festival and the Glasgow Mela. We manage, develop and deliver UNESCO City of Music, Tramway's performance, visual arts and public engagement programmes, Gaelic Arts, community touring, Glasgow's Poet Laureate and Revitalise (in collaboration with NHS), and provide support for the independent arts sector in Glasgow through leadership, advocacy, grant-giving, and professional development.

### Partnership

With Sabhal Mòr Ostaig we will address this by promoting discussion around the principles, critical thinking and aesthetic of Gaelic Arts for the wider benefit of the national Gaelic Arts and Language sector. With contributions from National Theatre of Scotland, Royal Conservatoire of Scotland, An Lòchran, the University of Glasgow, Tobar an Dualchais and others. The Glasgow Life team will curate and co-ordinate the symposium with the assistance of a curatorial group and production company.



Às an Dorchadas le Caitriona Lexy Chaimbeul, riochdachadh dràma ann an Làrach Shònraichte [iomhaigh le Sandra Steel is Coinneach Lindsay]

Às an Dorchadas by Catriona Lexy Campbell, Site Specific theatre production [image with Sandra Steel & Kenny Lindsay]

## Amas Ro-innleachdail 4:

Liubhairt, leasachadh agus taic do thairgse fharsaing Ealain Ghàidhlig do dhaoine òga le Gàidhlig eadar aois 0-25 bliadhna, ann an Glaschu.

### Prionnsapalan Stiùiridh:

Tha àite aig Ealain Ghàidhlig ann am meudachadh feòrachas, eòlas agus ceangal cultarach a bu chòir a ghintinn taobh a-staigh Cultar Gàidhlig mar phàirt den fhoghlam fharsaing aig luchd-labhairt Gàidhlig òg. Mar sin, tha am prògram againn le ar com-pàirtichean air feadh a' bhaile leithid An Lòchran, Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, Comann nam Pàrant agus Buidheann Teaghlaich Madainn Disathaime, ag amas air misneachd chultarach dhaoine òga agus am pàrantan a bhrosnachadh agus a thogail.

Tha am prògram ag amas air raon chruthachail de ghnìomhachd taobh a-muigh a' churraicealaim a leasachadh gus barrachd cleachdaidh air a' chànan adhartachadh agus piseach a thoirt air ìrean fileantachd sa Ghàidhlig am measg sgoilearan fhad 's a thathar ag obair le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail gus mothachadh, faicsinneachd agus conaltradh a thogail.

### Prògram

Tha dual òigridh aig Glaschu Beò tro ar prìomh fhèisean: Fèis Bhaile nam Marsantach, Celtic Connections, Tramway, Aye Write! agus Mela Ghlaschu. Tha an ro-innleachd againn ag amas air am prògram Gàidhlig do na daoine òga againn a bhrosnachadh sa cho-theacsa sin.

### Pròiseactan

**Stann / Stance** Bidh Glaschu Beò a' cur air adhart pileat pròiseact òigridh [aois 16-25] mar ullachadh do Bhliadhna na Cloinne is Dhaoine Òga ann an 2018, Prògram Cultarach nam Farpaisean Eòrpach agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail ann an 2019. Thar nan trì bliadhna a tha romhainn, tha sinn an dòchas tosgairean agus luchd-iùil chvuairtean le Gàidhlig a leasachadh airson nan àrd-ùrlaran sin, a' leasachadh sgilean is ionnsachadh do dhaoine òga.

**Latha Teaghlaich an Tramway** Tha an tachartas ràitheil seo a' cur taic ri luchd-èisteachd ùr gu cothrom fhaotainn air ealain cho-aimsireil, ag amas air an ìre conaltradh agus a' chàileachd eòlais as àirde do luchd-èisteachd neo-speisealach a th' ann a-cheana. Le ruigsinneachd an-asgaidh agus fosgailte, tha làithean Teaghlaich an Tramway a' cuimseachadh air clann agus an luchd-cùraim, le luchd-èisteachd comasach air eòlas a chur air measgachadh de ghnìomhaidhean agus gnìomhachdan com-pàirteachaidh, a thuilleadh air taisbeanaidhean làithreach ann an àrainneachd shìtheil fhreagarrach do theaghlaichean. Tòisichidh agus togaidh sinn dual prògramaidh cuimsichte air Gàidhlig aig an tachartas seo anns an ullachadh ro MÒD 2019 agus às a dhèidh.

### Fèis Ghàidhlig Ghlaschu

Fèis bhliadhnail thraidiseanta le prògram a' tabhann raon iomlan de Ealain Ghàidhlig a' gabhail a-steach teagasg ciùil, dràma, dannsa, òrain, ealain agus spòrs. Sònrachadh aithris ùr Ealain Ghàidhlig gus faicsinneachd nan Ealan Ghàidhlig fhighe a-steach agus a leudachadh taobh a-staigh prìomh fhèisean, àrd-ùrlaran agus prògraman Ghlaschu Beò.

Aiseagan Mòra Gàidhlig,  
Geamannan a' Cho-fhlaitheis, Stàt  
Neo-eisimeileach Sonais

Image: Great Gaelic Ferries,  
Commonwealth Games,  
International State of Happiness





Ceilidh Còmhla, Stàball Lambhill, Geamannan a' Cho-fhlaitheis  
Ceilidh Còmhla, Lambhill Stables, Commonwealth Games

## Strategic Aim 4:

Deliver, develop and support a comprehensive Gaelic Arts offer for young Gaelic speakers between the ages of 0-25 years in Glasgow

### Guiding Principles:

Gaelic Arts has a role to play in increasing curiosity, knowledge and cultural connection that should be engendered within Gaelic Culture as part of the young Gaelic speaker's broader education. Therefore our programme with city wide partners, like An Lòchran, Fèis Ghàidhlig Glaschu, Comman Na Parant and the Saturday Morning Family Group, is aimed at encouraging and building the cultural confidence of young people and their parents.

The programme aims to develop a creative range of extra-curricular activity to promote greater usage of the language and improve levels of Gaelic fluency amongst school pupils whilst working with Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu and Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail to promote awareness, visibility and engagement.

### Programme

Glasgow Life has a youth strand through our major festivals: Merchant City Festival, Celtic Connections, Tramway, Aye Write! and Glasgow Mela. Our strategy aims to stimulate the Gaelic programme for our young people in that context

### Projects

**Staing/Stance** Glasgow Life will oversee a pilot youth project [age 16-25] in preparation for the Year of Children & Young People in 2018, the Cultural Programme of the European Championships and the Royal National MOD 2019 Over the next three years we hope to develop Gaelic speaking ambassadors and tour guides for these platforms, developing skills and learning for young people.

**Tramway Family Day** This seasonal event supports new audiences to access contemporary arts, maximising the level of engagement and quality of experience for non-specialist existing audiences. Free and open-access, Tramway Family Days target children and their carers, with audiences able to experience a variety of performances and participatory activity as well as current exhibitions in a relaxed and family-friendly environment. We will initiate and build on a Gaelic focused programming strand at this event in the lead up to the MOD 2019 and beyond.

#### Fèis Ghàidhlig Ghlaschu

A traditional annual Fèis with a supported programme offering a full range of Gaelic Arts including music tuition, drama, dance, song, arts and sports



## Amas Ro-innleachdail 5:

### Prionnsapalan Stiùiridh

- Ìomhaigh nan Ealan Ghàidhlig a chumail suas sa bhaile, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, ag obair tarsainn chruthan ealain agus taobh a-staigh choimhearsnachdan.
- Faicsinneachd na Gàidhlig a leasachadh chun na h-ìre as àirde le bhith a' feabhasachadh uidheaman tarsainn fhèisean, gus aithris chruthachail a leasachadh agus inbheisteadh ann am prògram Ealain Ghàidhlig.
- Ionadan-cruinneachaidh sa Cheann a Deas a leasachadh do Luchd-èisteachd Gàidhlig airson ceangal leis an Sgoil Ghàidhlig ann an Gleann Dail.
- Leantainn air adhart ag inbheisteadh ann an dàimh le Sabhal Mòr Ostaig.

### Prògram

Tha prògram Ghlaschu Beò a' gabhail a-steach pailteas de thachartasan agus de ghnìomhachdan a tha freagarrach do luchd-èisteachd theaghlach, daoine òga agus sgoiltean. Co-òrdanaichidh an Ro-innleachd seo mar a tha Ealain Ghàidhlig air an nochdadh tarsainn ar prìomh fhèisean agus Tramway.

### Fèis Ealain Lèirsinneach Eadar-Nàiseanta Ghlaschu (Gi)

Ceilidh Còmhla, Baillieston, Geamannan a' Cho-fhlaitheis

Gnìomhadh Gàidhlig san Tramway, Buaires anns an Uisge/ Trouble the Water le Elspeth Turner

Às an Dorchadas by Catriona Lexy Cambell [Image Beathag Mhoireasdan]

Àirc 2015, Cafaith Gàidhlig, An neach-ealain dhealbhan Liricean Sràide, Stephan Aust, agus am bàrd Heike Winters

Images from I-r:

Ceilidh Còmhla, Baillieston, Commonwealth Games

Gaelic Performance at Tramway, Buaires anns an Uisge/ Trouble the Water by Elspeth Turner

Às an Dorchadas le Catriona Lexy Cambell [Ìomhaigh Beathag Mhoireasdan]

Àirc 2015, Gaelic Cafè, Street lyrics photographic artist Stephan Aust and poet Heike Winters

Is e fèis dàrmach bliadhna de ealain cho-aimsireil a th' ann an Glaschu Eadar-nàiseanta, aithnichte air feadh an t-saoghail. Tha Glaschu Eadar-nàiseanta a' taisbeanadh nan ealan as fheàrr am measg tàlant ionadail agus eadar-nàiseanta, do luchd-èisteachd fad' is farsaing. Bidh an ath thachartas a' gabhail àite sa bhaile sa Ghiblean 2018.

Leanaidh an fhèis air adhart a' taisbeanadh Ghlaschu mar phrìomh ionad gun choimeas airson ealain lèirsinneach cho-aimsireil a riochdachadh agus a thaisbeanadh. A' gabhail àite ann an diofar ionadan-cruinneachaidh agus làraichean air feadh a' bhaile, a' gabhail a-steach prìomh fharsaingeachdan ealain agus aitreabhan cultarach Ghlaschu, bidh an Fhèis an sàs ann am prògram àrd-amasail a bhios a' gabhail a-steach taisbeanaidhean, tachartasan, gnìomhaidhean agus pròiseactan le luchd-ealain eadar-nàiseanta agus luchd-ealain stèidhichte ann an Glaschu.

*"Bidh Glaschu Beò ag obair còmhla taobh a-staigh Ealain Ghàidhlig gus beachdachadh air mar a tharraingear gu chèile comas àrd-ùrlar cruinneil na fèise, gus cultar agus ealain lèirsinneach co-aimsireil Gàidhlig a rannsachadh, a chomharrachadh agus a thaisbeanadh."*

[Caroline Winn, Glaschu Eadar-nàiseanta]

### Mela Ghlaschu

Is e Mela Ghlaschu an fhèis ioma-chultarach an-asgaidh as motha ann an Alba: fhritheil còrr air 40,000 neach an fhèis ann an 2016, le còrr air 7,000 neach-frithealaidh sa phrògram fharsaing. Gach bliadhna, bidh luchd-èisteachd de gach aois, cultar agus creideamh a' tighinn còmhla gus tlachd a ghabhail à ceòl beò, dannsa agus gnìomhadh bho luchd-ealain, com-pàirtichean òga agus buidhnean coimhearsnachd. Tha am prògram a' nochdadh Bangladeshi Eadar-nàiseanta, cleasaichean agus luchd-ciùil Ìnneanach agus Pagastànach a thuilleadh air luchd-ealain à Alba agus an Rìoghachd Aonaichte. Tha an fhèis gu h-àraidh tarraingeach do luchd-èisteachd teaghlach le raon farsaing de ghnìomhachdan spòrsail is tarraingeach rim faotainn, agus Sòn Chloinne eadar-obrachail, Àite Spòrs, fèistean gluasadach agus stàlaichean feillmhor a bhios a' tabhann 'blasad' de dh'Àisia a Deas, Sìona agus an saoghal mòr.

*"Thar cùrsa Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig, tha am Mela dealasach a thaobh Ealain Ghàidhlig, a' conaltradh le daoine òga agus a' taisbeanadh ceòl is dannsa àrd-chàileachdail agus co-mheasgaidhean cultarach."*

Harminder Bergman, Riochdaire Mela Ghlaschu



## Celtic Connections

Is e Celtic Connections an fhèis ciùil bliadhnaile geamhraidh as motha de a seòrsa, a' toirt àrd-ùrlar do na fuaimean as grinne ann an tuath-cheòl, freumhach, cruinneil, traidiseanta agus Ceilteach. Thar 18 làithean, bidh còrr air 2000 neach-ciùil is seinneadair a' gnìomhadh ann am 20 ionad-cruinneachaidh, a thuilleadh air òraidean, cèilidhean, taisbeanaidhean ealain agus bùithean-obrach. Am measg nan gnìomhaidhean eadar-nàiseanta, tha na seinneadairean agus luchd-ciùil Gàidhlig as fheàrr air an t-saoghal, a' cur Gàidhlig air àrd-ùrlar an t-saoghail. A thuilleadh air a bhith mar aon de na h-àrd-ùrlaran as motha taobh a-staigh Ghlaschu Beò do luchd-ealain agus tachartasan Gàidhlig, thairis air cùrsa Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig bidh Celtic Connections a' cur ri lìbhrigeadh nan 5 amasan ro-innleachdail san ro-innleachd, mar sin ag àrdachadh barrachd faicsinneachd agus inbhe don Ghàidhlig taobh a-staigh na fèise agus ann an Glaschu.

*"Tha sinn air leth toilichte a bhith a' lorg dhòighean air ceangal ri GUIR, Glaschu Gàidhlig, am prògram òigridh agus na deasbaidhean leasachail nas fharsainge uile a bhios a' gabhail àite ann an Glaschu thar nan 5 bliadhna a tha romhainn."*  
Jade Hewat, Manaidsear na Fèise

## AYE WRITE! Fèis Leabhraichean Ghlaschu

Is e Aye Write! fèis leabhraichean Ghlaschu a tha stèidhichte ann an Leabharlann eireachdail Mitchell agus a' comharrachadh sgrìobhadairean agus sgrìobhadh Albannach is eadar-nàiseanta. Is i an dàrna fèis leabhraichean as motha ann an Alba agus tha am prògram aice a' tarraing cuid de na sgrìobhadairean as fheàrr bho air feadh agus taobh a-muigh na dùthcha. Tha dual Gàidhlig aig Aye Write! ann an com-pàirteachas le Comhairle nan Leabhraichean, a bhios a' conaltradh le sgrìobhadairean ùra Gàidhlig, bàird agus sgrìobhadairean a' tighinn am bàrr. Tro fhèis leabhraichean chloinne Wee Write, tha cothroman aig sgoilearan Gàidhlig a dhol an sàs ann an tachartasan litreachais Gàidhlig.

*"Tha Aye Write! dealasach a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus leanaidh sinn air adhart ag obair gu dlùth le Comhairle nan Leabhraichean agus buidhnean eile gus modh eagrachail a leasachadh a' coimhead ri dòighean air taic a chur ri Ealain Ghàidhlig taobh a-staigh àrainneachd bhailteil, agus na h-ullachaidhean leantainneach an lùib prògram litreachais airson aoigheachd Ghlaschu don MHÒD ann an 2019."*  
Katrina Brodin, Glaschu Beò

## Fèis Bhaile Nam Marsantach

Is e fèis sràide ioma-ealaineach a th' ann am Fèis Bhaile nam Marsantach a tha a' comharrachadh a' charactair iongantach co-aimsireil is eachdraidheil a tha aig cridhe cultarach agus tionnsgaineach a' bhaile. Tha an fhèis a' gabhail àrainneachdan bailteil aithnichte agus neo-aithnichte agus gan ath-thionndadh ann an dòighean a bheir tlachd agus a chuireas iongnadh air a' phoball, agus a' toirt eòlasan ealain gu luchd-èisteachd às ùr. Is e prìomh thachartas Albannach a th' ann a bhith a' faicinn an obair-ealain sràide as fheàrr, a' gabhail a-steach dannsa a-muigh, sgilean siorcais agus ealain càrnabhail taobh ri taobh le dealbhadh, ceòl beò, comadaidh, cuairtean agus gnìomhachdan ealain anns gach cruth cuimsichte air teaghlaicean. Tha an fhèis a' taisbeanadh bhuidhnean, luchd-ealain agus luchd-cleachdaidh ionadail còmhla ri daoine agus buidhnean fa leth a tha ainmeil gu h-eadar-nàiseanta. Tha an fhèis a' tarraing 150,000 thar 9 làithean.

*"Thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air dual làidir Ealain Ghàidhlig a leasachadh agus thairis air cùrsa Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig, tha sinn air gealltainn làrach Fèis Bhaile nam Marsantach a bheothachadh tro phròiseact Mapa Glaschu Gàidhlig, prògram conaltraidh agus ealain poblach anns an ullachadh do, agus mar dhileab MÒD 2019"*  
Lorenzo Mele, Riochdaire Gnìomha

## Tramway

Is e làrach-ealain eadar-nàiseanta a th' anns an Tramway a tha a' coimiseanadh, a' riochdachadh agus a' taisbeanadh phròiseactan ealain co-aimsireil. Is e a rùn ar brosnachadh agus cur ri ar tuigse do shaoghal an latha an-diugh le bhith a' ceangal luchd-èisteachd agus luchd-ealain. Is e àite a th' anns an Tramway far a bheil fàilte romhaibh a bhith faicinn, conaltradh, faireachdainn, com-pàirteachadh, dùbhlachadh agus ionnsachadh. Is e lèirsinn an Tramway a bhith na bhuidheann tùsaireach cruthachail a tha ag obair le luchd-ealain agus coimhearsnachdan airson pròiseactan sàr-chliùiteach, taisbeanaidhean agus prògraman a riochdachadh, a bhios a' conaltradh, a' dùbhlachadh agus a' brosnachadh luchd-èisteachd cho farsaing 's a ghabhas a dhèanamh.

*"Thar cùrsa Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig, bidh sinn a' solarachadh àrd-ùrlar do luchd-ealain agus buidhnean aig a bheil faireachdainn de fheòrachas agus deuchainneachd mar phàirt fuaighte de an obair, sa chiad àite a' dèanamh ceangal le pròiseact GUIR ach cuideachd le bhith a' cur ris na còmhraidhean a bhios a' fàs mu thimcheall chleachdaidhean co-aimsireil làithreach is tlachdmhor Gàidhlig. Tro ar prògram conaltraidh do dhaoine òga, tha sinn an dòchas obair leis na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha a' tighinn am bàrr sa cheann a deas tro ar Làithean Teaghlach agus cothroman eile taobh a-staigh an ionaid."*  
Tim Nunn, Manaidsear Phrògraman, An Tramway

## Strategic Aim 5:

---

Articulate a new Gaelic Arts narrative to embed and extend the visibility of Gaelic Arts within Glasgow Life's major festivals, platforms and programmes

### GUIDING PRINCIPLES

---

- Maintain the profile of Gaelic Arts within the city, nationally and internationally, working across art forms and within communities.
- Maximise the visibility of Gaelic by improving mechanisms across festivals to develop a creative narrative and investment into the Gaelic Arts programme.
- Develop South Side venues for Gaelic Audiences to link in with the Gaelic School in Glendale.
- Continue to invest in relationship with Sabhal Mòr Ostaig.

### PROGRAMME

---

The Glasgow Life programme includes an abundance of events and activities suitable for family audiences, young people and schools. This Strategy will co-ordinate how Gaelic Arts is articulated across our major festivals and Tramway



Gníomhadh Gàidhlig san Tramway, Buaireas anns an Uisge/ Trouble the Water le Elspeth Turner

Gaelic Performance at Tramway, Buaireas anns an Uisge/ Trouble the Water by Elspeth Turner

## GLASGOW INTERNATIONAL FESTIVAL OF VISUAL ARTS (GI)

---

Glasgow International is a world-renowned biennial festival of contemporary art. Glasgow International showcases the best of local and international art for wide-ranging audiences. The next edition will happen in the city in April 2018. The festival will continue to showcase Glasgow as a unique major centre for the production and display of contemporary visual art. Taking place in various venues and locations across the city, including Glasgow's major art spaces and cultural institutions, the Festival will be comprised of an ambitious programme which includes exhibitions, events, talks, performances and projects by international and Glasgow-based artists.

*"GI will work together within Gaelic Arts to consider how to harness the potential of the festival's global platform to explore, celebrate and showcase Gaelic contemporary culture and visual art."* [Caroline Winn, Glasgow International]

## GLASGOW MELA

---

The Glasgow Mela is Scotland's largest free multicultural festival: over 40,000 people attended in 2016, with over 7,000 attendances in the wider engagement programme. Each year, audiences of all ages, cultures and religions come together to enjoy live music, dance and performance from artists, young participants and community organisations. The programme features International Bangladeshi, Indian and Pakistani performers and artists, as well as those from Scotland and the UK. The festival is particularly attractive to family audiences with a wide range of fun and engaging activities on offer with an interactive Kids Zone, Sports Area, roving entertainment and popular stalls which offer a 'taste' of South Asia, China and the world.

*"Over the course of the Gaelic Arts Strategy the Mela is committed to Gaelic Arts, engaging with young people and show casing high quality music and dance cultural fusions."* Harinder Berman, Glasgow Mela Producer

## CELTIC CONNECTIONS

---

Celtic Connections is the biggest annual winter music festival of its kind, platforming the finest in folk, roots, world, traditional and Celtic sounds. Across 18 days, over 2000 musicians and singers perform in 20 venues, complemented by talks, ceilidhs, art exhibitions and workshops. Among the international performances are the world's best Gaelic singers and musicians, catapulting Gaelic onto the world stage. As well as being one of the largest platforms within Glasgow Life for Gaelic artists and events, over the duration of the Gaelic Arts Strategy Celtic Connections will contribute to the delivery of the 5 strategic aims of the strategy, further increasing the visibility and status of Gaelic within the festival and Glasgow.

*"We are excited to be finding ways to link in with GUR, Gaidhlig Ghlaschu the youth programme and all the wider developmental discussions that will be taking place in Glasgow over the next 5 years"* Jade Hewat, Festival Manager

## AYE WRITE! Glasgow's Book Festival

---

Aye Write! is Glasgow's book festival, located in the iconic Mitchell Library and celebrating Scottish and international writers and writing. It is the second biggest book festival in Scotland and its programme attracts some of the best writers from across the country and beyond. Aye Write! has a Gaelic strand in partnership with Gaelic Books Council, which engages with new Gaelic new writers, poets and emerging writers. Through the Wee Write children's book festival, Gaelic pupils have opportunities to engage with Gaelic literary events.

*"Aye Write! Is committed to the development of Gaelic and we will continue to work closely with the Gaelic Books Council and other agencies to develop a curatorial approach looking at ways to support Gaelic Arts within an urban environment and the ongoing preparations for literary programme for Glasgow's hosting of the MOD in 2019"*

Katrina Brodin, Glasgow Life

## MERCHANT CITY FESTIVAL

---

The Merchant City Festival is a multi-arts street based festival that celebrates the unique historical and contemporary character of the city's cultural and entrepreneurial heart. The festival takes familiar and unfamiliar urban realm environments and re-imagines them in ways to delight and surprise the public and bring new audiences to arts experiences. It is a leading Scottish event to see the best street artworks including outdoor dance, circus skills and carnival arts, alongside design, live music, comedy, walks and family focused arts led activity in all forms. It showcases locally based organisations, artists and practitioners, together with leading international individuals and organisations. The festival attracts 150,000 attendees over 9 days.

*"For the last five years we have developed a strong Gaelic Arts strand and over the course of the new Gaelic Arts Strategy we have a commitment to animate the Merchant City Festival area through the Glaschu Gàidhlig's Map project, engagement and public art programme in the build up to, and as a legacy for MOD 2019"* Lorenzo Mele, Executive Producer

## TRAMWAY

---

Tramway is an international art-space which commissions, produces and presents contemporary arts projects. Its mission is to inspire and add to our understanding of today's world by connecting audiences and artists. Tramway is a space where you are welcomed to witness, engage, experience, participate, be challenged, and learn. Tramway's vision is to be a pioneering creative organisation that works with artists and communities to produce critically acclaimed projects, exhibitions and programmes which engage, challenge and inspire the widest possible audience.

*"Over the course of the Gaelic Arts Strategy we will provide a platform for artists and organisations who share a sense of curiosity and experimentation as an inherent part of their work primarily by linking in with the GUR project but by also contributing to the evolving conversations around Gaelic aesthetic and current contemporary practices. Through our engagement programme for young people we hope to work with the emerging Gaelic communities in the south side through our Family Days and other opportunities within the venue"* Tim Nunn, Programme Manager Tramway

Gníomhadh Gàidhlig san Tramway, Uainead/Degrees of Greenness le Kate Robinson

Gaelic Performance at Tramway, Uainead/ Degrees of Greenness directed by Kate Robinson



[www.glasgowlife.org.uk](http://www.glasgowlife.org.uk)

